

# GÀIDHEALACH 'NAR CRIDHE



## CUMAIBH SUAS MÌOS NAN GÀIDHEAL

Fhad 's a tha ainmeachadh na mór-roinne againn ann am Beurla "Nova Scotia" – a tha 'na Laideann do Albainn Nuaidh – a' dol air ais gu 1621, thoisich làthaireachd na Gàidhlig is a cultuir ann an Albainn Nuaidh anmoch 's na 1700an.

'Gan ruigheachd mar dhaoine tuineachaidh ann am Mi'kmak'i, tìrean dualchasach is sinnsireil nam Mìogma, chuir Gàidheil coimhearsnachdan air bhonn ann an siorramachdan Dùn Chamuluis, Hants, Pìogto,

Antaiginis is a' Mhainisdeir agus Richmond, Inbhir Nis, Bhictoria is Ceap Breatainn ann an Eilean Cheap Breatainn.

Thug Gàidheil, thro'n cànan agus cultur buaidh air a' mhòrchuid dhe na tha air am measadh mar phàirtean cudthromacha do bheatha na h-Albann Nuaidhe coltach ri fialaidheachd, dàimhean teaghlaich, spiorad choimhearsnachd, mothachadh air buntanas agus ceòl a' chòrsa an ear.

SGANAIGIBH AIRSON  
TACHARTASAN TEANN  
OIRBH 'FHAIGHINN



DUALCHAS NA  
GÀIDHLIG 'S ANN  
LEIBH-SE A THA E